

# NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 6 | 2014 | AN T-OG-MHIOS

## Facal Toisich

Tha e doirbh a chreidsinn gu bheil meadhan na bliadhna gu bhith againn mar-thà. Canaidh sinn gur ann bho chionn ghoirid a bha seirbheisean Nollaig againn, ach tha a' Chàisg seachad agus tha an samhradh againn.

Bidh e air a ràdh gum fairich sinn an ùine a' dol seachad nas luaithe mar as sine a bhios sinn a' fàs. Aidichidh an fheadhainn againn a tha suas ann am bliadhnachan gu bheil sin ceart. Nuair a bha sinn anns an sgoil bha saor-làithean an t-samhraidh glè fhada, ach an-diugh thèid na seachdainean sin seachad gu cabhagach.

Bha an salmair mothachail air cho clis agus a tha na làithean agus na bliadhnachan a' gabhail seachad. *Chaith sinn ar bliadhnachan mar sgeul a dh'innseadh*, tha e a' sgrìobhadh anns anns an deichead salm thar cheithir fichead. Bha faireachadh mar sin aig lob cuideachd. Sgrìobh e, *Tha mo làithean nas luaithe na spàl figheadair*.

Tha Pòl a' bruidheann mu bhith *ag ath-cheannach na h-aimsir*. 'S e a tha na faclan sin a' ciallachadh ach a bhith a' dèanamh feum de na làithean a tha againn. Sin mar a bha an t-abstol fhèin. Anns a h-uile àite anns an robh e, anns a h-uile suidheachadh a bhiodh aige, bha e a' gabhail cothrom air a bhith a' sgoileadh naidheachd an t-Soisgeil, air a bhith 'na fhianais airson Chrìosd..

Anns an latha anns a bheil sinne beò tha iomadh goireas againn am broinn an taighe agus ann an àiteachan eile ach am bi ar beatha air a dhèanamh nas cofhurtaile agus barrachd ùine a thoirt dhuinn airson rudan eile a dhèanamh. Tha saorsa againn nach robh aig an fheadhainn a chaidh romhainn. Ach a bheil sinn a' dèanamh deagh-fheum de na cothroman a tha againn?

**Le deagh dhùrachd dhuibh uile,**

**Ruairidh MacLeòid**



**Ann am mòran de na bailtean anns na h-eileanan chithear barrachd air aon eaglais. Anns an t-seann dealbh seo tha an dà eaglais ann an Càrlabhaigh ann an Leòdhas. Air an làimh chli tha an Eaglais Shaor agus ri a taobh tha Eaglais na h-Alba. Tha meudachd gach taigh-adhraidh ag innse dè cho làidir agus a bha an dà choitheanal.**

## Cùil nan Ceist

Tha iomradh againn tric air iodhalan no dealbhannan snaidhte anns na Sgrìobtaran. Sin an cuspair a tha againn air a' mhìos seo. 'S dòcha nach eil sinne ag adhradh do dh'ìomhaighean cloiche agus do dh'iodhalan mar a bhiodh na cinnich. Ach faodaidh iodhalan a bhith ann fhathast leis am bi daoine air am beò-ghlacadh ged nach eil iad mar a bha iad anns na linntean a dh'fhalbh. Freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò an rìgh a rinn adhradh do na h-iodhalan dan do rinn 'athair, Manaseh, adhradh? (2 Rìgh, caibideil 21.)
2. Lìon a' bheàrn: "Tha fios againne nach nì air an ——— iodhal." (1 Corintianaich, caibideil 8.)
3. Dè nach bi aig fear iodhal-adhraidh? (Ephesianaich, caibideil 5.)
4. Cò a bha air a dhlùth-cheangal ri iodhalan? (Hosea, caibideil 4.)

# Càirdean – 1

'S e càirdeas an cuspair a tha gu bhith againn anns an t-sreath seo, agus bho thòisich mi a' smaoineachadh air tha m'inntinn air a dhol air ais gu iomadh caraid a bha agam sìos tro na bliadhnanachan, feadhainn dhiubh nach eil beò an-diugh. Dè a tha a' dèanamh caraid. A rèir àiteachan mar Facebook tha e furasta caraidean a bhith agad agus tha cuid ann agus tha ceudan de charaidean aca. Chan eil fhios agam cò air a bha sinn a' bruidheann, ach thubhairt Agnes, mo nighean, rium le gaire, *Tha còig cheud caraid agam air Facebook, ach cha bhi mi a' faighinn còig cheud prèasant airson mo cho-latha-breith.*

Thubhairt cuideigin, *Mas urrainn dhut do charaidean a chunntadh air do chòig meòirean tha thu fortanach da-rìreabh.* Tha sinn uile le torr luchd eòlais, ach tha e math nuair a tha caraidean againn a choisicheas an t-slighe còmhla rinn ge b'e dè a thachras.

Leugh mi stòiridh àlainn a tha nas coltaiche ri samhlaidh a chòrd rium gu mòr, mu dhèidhinn dithis a' coiseachd anns an fhàsach.

Fhad's a bha iad a' coiseachd chaidh iad a-mach air a chèile agus thug an dara fear sgailc don fhear eile agus sgrìobh e anns a' ghainmich, *An-diugh thug mo charaid sgailc dhomh,* agus chùim iad a' dol a' coiseachd gus an tàinig iad gu àite gu àite anns an robh uisge, *oasis,* mar a chanadh sinn anns a' Bheurla.

Chaidh iad gan nighe fhèin agus chaidh aon dhiubh am boglach agus bha a bheatha ann an cunnart. Shàbhail a charaid e agus le taingealachd 'na chridhe sgrìobh e air cloich, *An-diugh shàbhail mo dheagh charaid mo bheatha.*

Thubhairt a charaid ris, *Nuair a thug mi sgailc dhut sgrìobh thu anns a' ghainmich, agus nuair a shàbhail mi do bheatha sgrìobh thu air cloich. Carson?*

Fhreagair e, *Nuair a ghoirticheas duine sinn bu chòir dhuinn a sgrìobhadh anns a' ghainmich gu sèid goath maitheanais air falbh e, ach nuair a nì duine math dhuinn bu chòir dhuinn air cloich far nach tèid e à cuimhne.*

Na dèan luaidh às na rudan a tha agad anns a' bheatha seo, ach dèan luaidh às na daoine a tha 'nam pàirt ded bheatha.

**Oighrig Fhearghasdan,  
(A' Mhanachainn).**

# Clach-mhìle Shònraichte



Bha latha mòr ann an eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu air an treas latha fichead den Ghearran. Air an latha sinn bha tè a tha air a bhith a' frithealadh nan seirbheisean Gàidhlig anns an eaglais fad mu thrì fichead bliadhna, Dolina Nic a' Phì, ceud bliadhna de dh'aois. An dèidh na seirbheis mhaidne, a bha an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, bha biadh air a dheasachadh don choitheanal airson a' chlach-mhìle seo a chomharrachadh.

Bha teaghlach Dolina a' fuireach faisg air Taigh an Uillt ann an Earra Ghàidheal gus an robh ise trì bliadhna. Bha a bràthair, Ailig, bliadhna de dh'aois aig an àm. Bha a h-athair ag obair mar ghàirnealair air oighreachd Inbhir Abha a bha aig Caimbeulaich Dhùn Stàininis.

Ròghnaich a h-athair a dhol don Cheud Chogadh, ach gu mì-fhortanach chaill e a bheatha ann an 1917. Ri linn a bhàis b'fheudar an teaghlach an dachaigh fhàgail a chionn gum buineadh taigh a' ghàirnealair don oighreachd.

Bha màthair Dolina à Tìrìodh agus aig an àm sin bhruidhneadh sluagh an eilein air fad a' Ghàidhlig. Chuir i seachad greis an sin

# Leabhraichean

Tha ceud agus còig thar fhichead bliadhna bho chaidh a' cheud diacon (no ban-diacon) a chur air leth le Eaglais na h-Alba. On àm sin tha boireannaich air obair ionmholta a dhèanamh ann an seirbheis na h-Eaglais, air an dùthaich, anns na bailtean mòra agus air Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Anns na seann làithean chuir an Eaglais luach air na miseanaraidhean a bha a' cuideachadh ann an sgìrean farsaing. An-diugh 's e diacon a tha againn air na fir agus na mnathan a tha a' dèanamh na h-obrach seo. Anns an leabhran fheumail sin, *Air a' Mhisean,* tha iomradh againn air boireannaich a bhuineadh do Leòdhas agus Na Hearadh a bha 'nam miseanaraidhean aig an taigh agus thall thairis a bharrachd air na fir a bha anns an dreuchd.

Cha do dh'innseadh eachdraidh nam ban-diacon ann an aon

**A Story to Tell: the Diaconate  
Mòrag Chràbhartach DCS  
(Air fhoillseachadh le Comhairle nan Diacon aig  
Eaglais na h-Alba. £5)**

leabhar gus an do dh'fhoillsich Mòrag Chràbhartach an leabhar seo na bu tràithe air a' bhliadhna.

Aon rud a tha tarraingeach mun leabhar seo, 's e na piosan eadar-dhealaichte a tha ann mu chuid de na boireannaich agus na fir a bha ag obair mar dhiacoin on cheud latha a dh'ionnsaigh an latha an-diugh. Bha mòran mu thuath eòlach air Eilinn Rutherford, a bha stèidhichte aig seann mhansa Shrath Chonain agus a bhiodh a' cur cuairt air Sgoiltean Sàbaid agus Comainn nam Ban.

Sgeulachd iongantach, air a deagh innse, air prìs a tha da-rìreabh reusanta. Chan eil fhios cia meud mìle neach a fhuair beannachd on obair a rinn na diacon on bhliadhna 1888 nuair a chaidh a' cheud ban-diacon a chur air leth airson na dreuchd.

agus tha cuimhneachain shona aice air a bhith a' frithealadh na sgoile ann an Tiriodh agus a bhith a' fuireach air an eilean.

Ghluais an teaghlach don Choincheal air tìr-mòr Earra Ghàidheals agus chaidh i fhèin agus a bràthair gu Ard-sgoil an Obain.

An dèidh làithean na sgoile thòisich i ag obair aig Seirbheis na Stàite ann an Lunnainn agus ann an Glaschu. Tha Dolina 'na boireannach air leth toiniseil agus iriosal agus tha i ann am mòr spèis aig na tha eòlach oirre. Tha i a' fuireach an-diugh aig Cùirt Castlebank faisg air Crois Anniesland.

**(Anns an dealbh gu h-àrd chì sibh Dolina Nic a' Phì agus còmhla rithe tha an t-Urr. Greum Moireasdan a tha air ceann nan seirbheisean ann an eaglais Chaluim Chille.)**

### Spiorad an Tighearna

*Spiorad an Tighearna, saor mar a' ghaoth,  
Sèimh mar an calaman còir,  
Seall dhuinn an fhirinn, dar creideamh toirt neirt,  
Nochd dhuinn do ghràdh tha mòr.*

Labhair Thu rinn bho chian nan cian,  
Thug Thu dhuinn facal sgrìobht';  
Tha sinne ga leughadh, feumach air treòir,  
'S guth an Tighearna tighinn thugainn le cinnt.

As aonais do dhìon thèid sinn air chall,  
'S fàgaidh sinn sligh' nan gràs;  
Tha sinne cur feum air cumhachd do làimh  
Gu bhith leantainn nad cheum gach là.

Seo eadar-theangachadh gu Gàidhlig air an laoidh, *Spirit of God, unseen as the wind*, a gheibhear anns a' Cheathramh Laoidheadair agus a bhios sinn a' seinn air an fhonn, *The Skye Boat Song*. Sgrìobh Mairead Old, a chaochail ann an 2001, an laoidh bheag bhrèagha seo ann am Beurla.



**Ann an Eilean Iarmain anns an Eilean Sgitheanach tha clàir ann le seanfhaclan Gàidhlig. 'S e Iain Noble a bha 'na mheadhan air na clàir a chur an àird. Tha am facal seo a' teagasg dhuinn gum faigh sinn neart o ar càirdean nuair a thig cruadhal is cruaidh-chàs.**

## Eaglais na h-Aoidhe air a h-Ath-nuadhachadh

Bha latha sònraichte ann an Leòdhas nuair a chaidh Eaglais na h-Aoidhe fhosgladh as-ùr an dèidh obair leasachaidh air a' chlachaireachd a mhair bliadhnan agus a chosg £324,000. Rinn an t-Urras a chaidh a stèidheachadh airson an seann togalach seo ath-nuadhachadh obair luachmhor ann a bhith a' togail an airgid.

Tha e coltach gu robh àite-adhraidh air an làraich seo on t-siathamh linn. Bha Eaglais na h-Aoidhe a tha na ceudan de bhliadhnan a dh'aois air a coisrigeadh do Chalum Cille, ged a tha Catan co-cheangailte ris a' choimhearsnachd seo.

Air ceann na seirbheis ath-choisrigidh bha an t-Oll. Urr. Iain D. Caimbeul. Bha Eaglais na h-Aoidhe glè ainmeil ann an eachdraidh nan eilean. Anns a' chladh tha seachd deug de chinn-chinnidh nan Leòdach air an tìodhlacadh. Tha Iain Moireasdan a bha còmhla ri Nelson aig blàr Trafalgar air adhlacadh an seo cuideachd.

Tràth anns an naodhamh linn deug bha an Rubha ann an sgìre Steòrnabhaigh agus cha b'urrainn do mhinistear Steòrnabhaigh seirbheis a chumail an sin ach gach còigeamh Sàbaid. A chionn gu robh an sluagh cho lìonmhor agus Eaglais na h-Aoidhe cho sean bha feum air ministear ùr agus eaglais ùr. Ann an 1829 thogadh tè de na h-eaglaisean "Pàrlamaid" a chaidh a dhealbhadh le Tòmas Telford air a' Chnoc. B' e an t-Urr. Rob Fionnlaghstan a' cheud mhinistear a chaidh a phòsadh ri eaglais a' Chnuic. Ghluais e gu sgìr nan Loch far an do chuir e seachd còig bliadhna fichead. Bha ath-bheòthachadh spioradail ann an Leòdhas anns na bliadhnan sin agus fhuair mòran beannachd fon t-searmonachadh aig Fionnlaghstan nan Loch.

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo; "Cuidich leam, a Thighearna." Tha faclan mar sin againn tric anns a' Bhìoball. Tha na faclan sgrìobhte anns an darna salm deug, aig a' cheud rann. (Salm 12:1) Bha an salmadair ag aideachadh gu bheil feum aige air cuideachadh o Dhia. Bha daoine eile ga chuideachadh. Ach bha rudan ann nach dèanadh daoine eile air a shon. Ach bha rudan ann nach dèan duine dhuinn ach Dia. Bha feum aig an t-salmaidair air mathanas pheacaidhean. 'S e Dia a-mhàin a mhaithreas peacaidhean. Anns a h-uile suidheachadh 's e Dia ar Fear-cuideachaidh. Nuair a bha Peadar a' dol fodha air Muir Ghaille dh'ìarr e cuideachadh o Iosa, agus fhuair e sin.

An robh sibh riamh aig seirbheis a-muigh? Nuair a tha side mhath ann tha e tlachdmhor a bhith ag adhradh a-muigh. Bha mi aig seirbheis Ghàidhlig ann am Muile ann an seann eaglais a tha an-diugh gun cheann. Anns na làithean a dh'fhalbh bhiodh iomadh seirbheis anns an eaglais sin. Rinn mi seirbheisean pòsaidh a-muigh. Nuair a tha sinn ag adhradh a-muigh chì sinn maise cruthachadh Dhè mun cuairt oirnn. Cluinnidh sinn seinn nan eun. Bhiodh Iosa a' searmonachadh anns an t-sionagag agus ann an dachaighean dhaoinè. Ach mar bu trice bhiodh e a' labhairt a-muigh. Bhiodh Iosa a' labhairt ris an t-sluagh air a' bheinn, air an tràigh, anns an achadh.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Luath no mall gun tig am Màigh, thig a' chuthag." (Late or early as May comes, so comes the cuckoo.) An cuala sibh a' chuthag a' seinn am bliadhna? Chuala mi a' chuthag anns a' Ghiblean am bliadhna. 'S e an naodhamh latha deug den Ghiblean a bha ann. Nuair a thig a' chuthag tha fios againn nach eil an samhradh fada air falbh. Ann am freasdal Dhè tha gach nì a' tighinn 'na àm fhèin. Tha mi an dòchas gu bheil sibhse a' faighinn na grèine far a bheil sibh a' fuireach. Anns a' Chèitean agus anns an Og-mhìos bidh dùil againn ri side bhlàth ghrianach.

Tha an oifis aig Fear-dheasachaidh nan *Duilleagan Gàidhlig* ann am bothan fiodha air cùl an taighe. Tha a h-uile goireas aige an sin. Tha e air a chuartachadh le leabhraichean. An-dràsda cluinnidh e fuaim an uisge air mullach a' bhothain. Uaireannan 's e fuaim eile a chluinneadh e. 'S toigh leis na h-eòin a bhith a' coiseachd air a' mhullach. Bidh faoileag no feannag a' dèanamh fuaim len casan agus iad a' coiseachd o thaobh gu taobh. Ni iad brag nuair a laigheas iad. Bho àm gu àm 's e calman a bhios a' coiseachd gu socair air mullach a' bhothain. Tha iomradh againn tric air a' chalman anns a' Bhìoball, o leabhar Ghènesis gu Sgrìobtaran an Tiomnaidh Nuaidh.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### AIR AN ADHAR

Seo an fheadhainn ris a bheil dùil a bhith air ceann na seirbheis air *Dèanamaid Adhradh* air an radio gach madainn Sàbaid. A' cheud Sàbaid: an t-Urr. Tormod Maclamhair. An darna Sàbaid: an t-Urr. Tomaidh MacFhionghain. An treas Sàbaid: an Canan Seumas MacNèill. An ceathramh Sàbaid: an t-Urr. Iain Murchadh Dòmhnallach. An còigeamh Sàbaid: Sean Ankers.

### BEANNACHADH

*Guidheam saoghal sona dhaibh,  
Le làithean buan gun smal;  
An gràdh da chèile meudachadh,  
'S beannachd Dhè bhith ac'.*

Bho chionn ghoirid bha an t-Urr. Iain Mac a' Ghobhainn, a bha 'na mhinistear ann an Loch nam Madadh agus Thrumaisgearradh a' dèanamh seirbheis phòsaidh. Chuir e ri chèile an ceathramh a chì sibh gu h-àrd airson beannachd iarraidh air a' chàraid a bha a' pòsadh.

### ON APAINN GU COLOMBO

O 2008 tha an t-Oll. Urr. Ruairidh Caimbeul air a bhith 'na mhinistear ann an sgìr na h-Apaimn agus Lios Mòr. Bha meas mòr aig an t-sluagh air agus bha iad duilich a chluinntinn gu bheil e a' gluasad gu eilean eile, gu Sri Lanka, gu Eaglais Anndrais ann an Colombo. Tha coitheanal air a bhith aig Eaglais na h-Alba bho chionn iomadach bliadhna. Am measg nam ministearan a bha os cionn a' choitheanail anns na làithean a dh'fhalbh bha an t-Urr. C. V. A. MacEacharna. Sgrìobh esan leabhraichean taitneach mu na h-àiteachan anns an robh e a' saothreachadh, ann an Alba agus thall thairis. 'Nam measg tha *Spicy Breezes from Sunny Ceylon*, ag innse mu na bliadhnachan a bha e anns an eilean ris an canar Sri Lanka an-diugh.

### FUASGLADH NAN CEIST

Air a' cheud duilleig chuir sinn ceistean oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil iomradh air iodhalan. Seo na freagairtean. 1. Amon. 2. —domhan—. 3. Oighreachd ann an rìoghachd Chrìosd agus Dhè. 4. Ephraim.

### RANN

*'S i 'n fhirinn ghlan is clogaid dà,  
Is gràs a' chreidimh aig' mar sgiath;  
'S e 'n Sgrìobtar naomh a chlàidheamh geur  
'S a mhisneach ta gu lèir an Dia.*

Sin mar a tha Dùghall Bochannan, am bàrd spioradail, a' dèanamh luaidh air an armachd a tha aig a' ghaisgeach spioradail. Tha e coltach ris an iomradh a tha aig Pòl air "uile

armachd Dhè anns an t-siathamh caibideil ann an litir nan Ephèsianach.

### ADHBHAR GAIRE

Bha ministear òg a' tadhal air dachaighean a' choitheanail. Thadhail e air seann bhoireannach. Thug i sùil air, agus thubhairt i, *An e sibhse am ministear ùr?* Thubhairt am ministear gu robh sin fìor, a' faireachadh rud-eigin moiteil. *Tha sibh a' coimhead uamhasach caol. A bheil sibh a' cumail gu math?* Fhreagair am ministear gu robh. *Uill, ars ise, tha sibh a' coimhead uamhasach caol. Tha e cho math nach eil agaibh ri bhith ag obair airson ur beoshlàint.*

## Urnaigh

A Dhè, ar Cruthaidhear dìleas,  
nar n-ùrnaighean tha sinn a' cuimhneachadh  
air daoine ann an dùthchannan bochda an t-saoghail.  
Beannaich na buidhnean a tha a' dol a-mach  
ann an ainm Chrìosd  
gu bhith a' dèanamh cobhair  
air daoine a tha ann an uireasbhaidh.  
Beannaich an òigridh anns na dùthchannan sin  
ach am faigh iad cothrom air fòghlam,  
air uisge glan agus goireasan slàinte.  
Tre Chrìosd a nochd tròcair  
do dhaoine a bha acrach agus easlan.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Air an t-samhradh seo  
bidh na ceudan de luchd-turais  
a' tadhal air Tursachan Chalanais  
ann an eilean Leòdhais.  
Chan eil fios le cinnt cuin a chuireadh  
na clachan iongantach seo 'nan àite  
no carson a chaidh an cur suas.  
Ma dh'fhaoidte gu robh  
iad co-cheangailte  
ris na dòighean adhruidh  
a bha aig daoine  
mun tàinig solas an t-Soisgeil.